


# Leabhar-obrach na h-Antartaig

## Cùl-fhiosrachadh

Tha Suirbhidh Antartaigeach Bhreatainn na phàirt dhen Chomann Rannsachaidh Nàiseanta san Rìoghachd Aonaichte agus tha e a' ruith a h-uile sgath de dh'obair shaidheansail na dùthcha anns an Antartaig. Thàinig e gu bith mar thoradh air obair rannsachaidh 's shaidheansail meadhan nan 1940an. A-nis tha còig stèiseanan rannsachaidh ann, dà bhàta agus còig plèanaichean a tha an sàs ann an obair shaidhesail. Cha bhi a' mhòr-chuid dhen 400 neach-obrach ag obair ach as t-samhradh san Antartaig, ach bidh feadhainn a' fuireach san Antartaig sa gheamhradh cuideachd.



(Dealbh: NASA)



### Aonta na h-Antartaig

Tha e iongantach a bhith ag obair anns an Antartaig oir tha e air a dhìon le Aonta na h-Antartaig. Tha sin ag ràdh gur ann airson sìth agus saidheans a tha am mòr-roinn air gu lèir.

### An Àrainneachd

Tha an Antartaig uabhasach mòr. Tha e a' còmhdach na pàirt as fhaide deas dhen phlanaid again agus 's e àrainneachd air leth cruaidh a th' ann. Tha còmhdach deighe a tha còrr is mìle a

thighead air an Antartaig. Tha sin a' ciallachadh gur e glè bheag de bheathaichean a tha beò air tìr, ach tha mòran beò anns a' mhuir mun cuairt. Ged a tha e air a chòmhdach le sneachd is deigh, cha mhòr gum bi an t-uisge no sneachd san Antartaig uair sam bith. Gu dearbh 's e fàsach a th' ann! B' e -89°C an teòthachd a b' fhuair a chaidh riamh a chlàradh a seo, agus bidh a' ghaoth tric a' sèideadh aig còrr is 200 mìle san uair!



### An Saidheans

Tha luchd-saidheans Suirbhidh Antartaigeach Bhreatainn ag obair ann an iomadh raon mar an t-side, atharrachadh na gnàth-shìde, geòlas, bith-eòlas, gluasad deighe, cuan-eòlas, èirigh ann an ìre na mara, mòr-thubaistean nàdarra agus sìde san fhànas.

[Airson tuilleadh fiosrachaidh air gin dhe na topaigean sin, theirig chun na làraich-lìn aca.](#)



# Na trì rudan as cudromaiche a chuir Suirbhidh Antartaigeach Bhreatainn ri saidheans




## Chuidich e le dearbhadh gur e daoine a tha air cùl atharrachadh na gnàth-shìde

Tha builgein bheaga bhìodach de sheann àile anns na h-eitein dheighe a tha daoine a' drileadh anns an Antartaig. Le bhith a' tomhas na tha de ghasaichean taigh-glainne anns na builgein sin, chì sinn mar a bha an t-àile o chionn nam milleanan bhliadhnachan. Tha an t-eitean deighe as sine a' dol air ais 2.7 millean bliadhna, agus cha robh ìre nan gasaichean taigh-glainne riamh cho àrd 's a tha e an-diugh.

## A' lorg toll san òson

'S e an t-òson am pàirt dhen àile again a bhios gar dìon bho rèididheachd cronail. Ann an 1985 lorg luchd-saidheans a bha ag obair aig Suirbhidh Antartaigeach Bhreatainn toll san fhilleadh dìon. B' e ceimigean ris an canar CFCs a dh'adhbharaich an toll. Bidh sinn a' cleachdadh nan CFCs ann an tòrr rudan eadar deodorants agus fridsichean. Gu fortanach, chaidh CFCs a chasg air feadh an t-saoghail air sgàth seo agus tha fillleadh an òson a-nis a' dol am feabhas!



(Dealbh: NASA)

## Tha an Krill a' gluasad gu tuath bhon a tha a' mhuir a' fàs nas blàithe.



'S e creutairean beaga mar a th' ann an krill. Chan eil iad ach mu 1-2 ceudameatair a dh'fhaid, ach than a billeanan dhiubh anns na cuantan. Bidh an krill ga ithe le tòrr beathaichean eile mar na mucan-mara, cinn-fhionn, ròin agus iasg. Mar sin, ged a tha iad beag, tha iad cudromach. Ma ghluaiseas an krill gu tuath, gluaisidh tòrr dhe na beathaichean eile cuideachd. Le bhith a' tuigsinn dè tha a' tachairt shìos aig bonn an t-sreath-bìdh, thèid aig luchd-saidheans air innse dè thachras dha na beathaichean aig a' mhullach. Ma bhios tuigse againn air na tha atharrachadh na gnàth-shìde a' dèanamh air na cuantan, cuidichidh e sinn gu bhith a' dìon nam beathaichean a tha a' fuireach an sin.

## Ceangalan feumail eile

[Goireasan foghlaim Suirbhidh Antartaigeach Bhreatainn](#)  
[Faigh a-mach mu na Fir-chlis ann an aonad a bha ann roimhe Dynamic Earth Online.](#)



## Obair: An Artaig no an Antartaig

Tarraing loidhnichean agus maids am fìorachadh ris an Artaig, an Antartaig no ris na dhà.  
Cliog air an ath dhuilleig agus chì thu na freagairtean!



Am Pòla Deas

Am Pòla Tuath



Fearann creagach fon deigh

Muir fon deigh



As fhuair -63°C

As fhuair -89°C



Geamhradh fada dorcha

Samhradh goirid soilleir





Am Pòla Deas

Am Pòla Tuath



Fearann creggach fon deigh

Muir fon deigh



As fhuair -63°C

As fhuair -89°C



Geamhradh fada dorcha

Samhradh goirid soilleir

